

TIOTAL-OBACH	Iar-Phrionnsapal na Colaiste
ROINN	Roinn an Fhoghlaim
AN URRA RI	Prionnsapal na Colaiste
UALLACH AIRSON	Roinn an Fhoghlaim - luchd-teagaisg, luchd-taic
SGÈILE THUARASTAIL	c.£55-60k
PRÌOMH ÀITE-OBACH	Sabhal Mòr Ostaig, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8QR

PRÌOMH AMAS NA H-OBACH

A' stiùireadh Roinn an Fhoghlaim agus a' toirt taic dhan Phrionnsapal le obair làitheil na Colaiste, a' leasachadh ìomhaigh agus a' cur an cèill feallsanachd na Colaiste.

PRÌOMH UALLAICHEAN

- Stiùireadh agus a' conaltradh le luchd-obrach na roinne. Bhiodh seo cuideachd a' gabhail a-steach uallach agus cùram airson oileanaich an t-Sabhail.
- Toirt taic don Phrionnsapal ann a bhith a' cur an gnìomh phoileasaidhean, ro-innleachdan agus phrògraman, aontaichte le Bòrd Stiùiridh na Colaiste, agus a bhith a' gabhail àite a' Phrionnsapail mar a tha sin riatanach.
- Dèanamh cinnteach gu bheil prògraman oideachaidh, ro-innleachdan agus poileasaidhean freagarrach ann airson cùisean acadaimigeach aig gach ìre. Tron bhliadhna gu minig bidh feumalachdan a bharrachd a' nochdadh a thaobh oidean air astar.
- A bhith an urra ri dealbhachadh, stiùireadh agus a' leasachadh chùrsaichean foghlaim agus iomairtean rannsachaidh a bhios a' Cholaiste an dùil a bhith a' tairgse. Bha an Cùrsa Teagaisg, am BA (le urram) Gàidhlig agus Foghlam, na dheagh eisimpleir de sin anns a' bhliadhna a chaidh seachad. Cuideachd, bidh ullachaidhean rin dèanamh a thaobh REF (Research Excellence Framework) 2021 an co-bhonn ris an sgioba rannsachaidh.
- A compàirteachadh ann am prògram comhairleachaidh oileanach (PAT)
- A bhith a' com-pàirteachadh ann an siostaman measaidh, deagh-ghnè agus fèin-luachaidh SMO/OGE. Tha aithisg bhliadhnail GRSS a' toirt seo ri chèile.
- A bhith a' toirt taic dhan Phrionnsapal, Stiùirichean Roinne eile, Bòrd Stiùiridh agus Comataidh Foghlaim agus Rannsachaidh na Colaiste ann a bhith a' toirt air adhart prògram obrach làitheil, agus a bhith a' leasachadh ìomhaigh agus a' cur an cèill feallsanachd na Colaiste.
- Mar thosgair na Colaiste, a bhith a' conaltradh le oilthighean, colaistean agus buidhnean eile a' togail air cothroman co-obrachaidh leithid MOUs, iomlaidean agus cothroman ionnsachaidh
- A bhith a' riochdachadh na Colaiste agus Roinn an Fhoghlaim air buidhnean agus comataidhean fa leth, m.e. buidhnean agus comataidhean aig OGE.
- A bhith a' leantainn riaghailtean slàinte is sàbhailteachd
- A' coileanadh agus a' leasachadh deagh-ghnè na Colaiste
- Obair ìomchaidh sam bith eile a dhèanamh mar a bhios feum aig a' Cholaiste bho àm gu àm.

Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig

Buidhnean/Comataidhean SMO

Ball den Bhòrd Stiùiridh, Buidheann Stiùiridh na Colaiste, Comataidh Foghlaim is Rannsachaidh; Buidheann Gnìomh, Comataidh Comhairleachaidh an Leabharlainn agus Buidheann Maoineachaidh an t-Sabhail.

Sa chathair air Comataidh Acadaimigeach; Coinneamhan na Roinne & luchd-teagaisg, Buidheann Co-chomhairleachaidh na Colaiste, Comataidh Sgoilearachd agus Buidheann Cùraim na Colaiste.

Buidhnean/Comataidhean OGE

Lionràdh Chuspair (Humanities, Education & Gaelic); Facalaidh (Arts, Humanities & Gaelic); Buidheann Riaghlaidh Foghlaim Thidsearan - TEMG; Comataidh Gàidhlig OGE; International Steering Group; Sgeama na Gàidhlig agus Cuspairean Co-cheangailte (GRSS), Còmhlán Mhodalan agus Bùird Deuchainn OGE - sa chathair air GRSS.

Ball de Bhuidhnean eile

Strategic Forum for Adult Learning.

Seo tuairisgeul air an obair mar a tha e. Sa chumantas thèid beachdachadh air seo bho àm gu àm gus dèanamh cinnteach gu bheil e iomchaidh agus gus atharrachaidhean sam bith a dhèanamh. Thèid seo a dhèanamh leis an neach-obrach agus am manaidsear aige/aice agus mar sin thathas a' sùileachadh gun gabhar pàirt anns na còmhraidhean seo. Tha Sabhal Mòr Ostaig ag iarraidh gun gabh cùisean aontachadh leis gach neach ach far a bheil seo do-dhèante, tha còraichean aig Sabhal Mòr Ostaig air atharrachaidhean ciallach a dhèanamh a rèir tuarastal an neach-obrach às dèidh bruidhinn ris/rithe mun chùis.

Am Màrt 2018

Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig

Fiosrachadh Cudromach Eile:

- Bithear ag obair 35 uairean san t-seachdain
- Gheibhear 35 saor-làithean sa bhliadhna (a' ruith bho 1 Faoilleach – 31 Dùbhlachd) a' gabhail a-staigh 10 latha aig àm na Nollaige agus Saor-làithean Poblach
- Ann a bhith a' cuideachadh luchd-obrach le an cuid leasachaidh phearsanta, comasan obrach agus feumalachdan trèanaidh, gheibhear measadh obrach gach bliadhna le ur Manaidsear.
- Feumar seiseanan trèanaidh riatanach a fhrithealadh agus coinneamhan mar a bhios iomchaidh. Gheibhear fiosrachadh ron àm.
- Tha Sabhal Mòr Ostaig làn thaiceil a thaobh leasachadh na Gàidhlig agus gheibhear a h-uile cothrom ur cuid comasan cànan a leasachadh
- Tha sgeama peinnsein aig a' Cholaiste
- Mus tèid ur fastadh bidh agaibh ri dhol tro sgrùdadh Disclosure agus thèid teisteanasan iarraidh oirbh

Iarrtasan:

Ma tha sibh airson còmhraidh mun dreuchd seo mus cuir sibh iarrtas thugainn, faodaidh sibh fònadh gu Nicola NicThòmais air 01471 888 301, Diluain - Diardaoin.

Ma tha sibh airson iarrtas a chur thugainn, cuiribh litir a-mineachadh carson a bhiodh sibhse freagarrach airson na dreuchd agus cunntas-beatha gu:

Cairistiona NicCoinnich
Sabhal Mòr Ostaig
An Teanga
An t-Eilean Sgitheanach
IV44 8QR
No air post-d gu obair@smo.uhi.ac.uk

Ceann-là airson iarrtasan: 30 Màrt 2018

Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig

Amas na Colaiste

Tha Sabhal Mòr Ostaig airson a bhith na shàr ionad aig cridhe leasachaidhean ann an cànan agus dualchas nan Gàidheal le bhith a' tairgsinn deagh chothroman foghlaim, trèanaidh agus rannsachaidh tro mheadhan na Gàidhlig agus le bhith a' dol an sàs gu h-innleachdach còmhla ri daoine eile, luchd-gnìomhachais agus a' choimhearsnachd air fad gus leasachaidhean sòisealta, dualchasach agus eaconamach a chur air adhart.

Fiosrachadh mun Cholaiste

Tha àrainn oideachaidh air leth aig Sabhal Mòr Ostaig. Tha na cùrsaichean agus a' Cholaiste gu lèir gan ruith tro mheadhan na Gàidhlig - an aon Cholaiste den t-seòrsa seo an Alba. Tha a' Cholaiste ann an Slèite anns an Eilean Sgitheanach, sgìre a tha ainmeil airson bòidhchead na h-àrainneachd.

Chaidh a' Cholaiste a stèidheachadh ann an 1973 agus bhon uair sin tha i air cliù a chosnadh air feadh an t-saoghail mar ionad airson cànan agus cultar na Gàidhlig. 'S e colaiste spèisealta a th' innte, a' tabhann foghlam àrd-ìre, foghlam leantainneach agus cothroman rannsachaidh. Tha Sabhal Mòr Ostaig mothachail air cho cudromach 's a tha bunait làidir airson a' chànain, a' chultair agus nan ealan agus tha e an sàs ann an iomadh pròiseact gus seo a thoirt air adhart.

'S e colaiste ùr-ghnàthach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig agus tha e na chom-pàirtiche acadaimigeach ann an Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean OGE. Tha goireasan ionnsachaidh air leth ann, leabharlann sònraichte fhèin math agus tha àiteachan-fuirich agus ionad cùraim chloinne air an àrainn.

Aig a' cheart àm, tha còrr is 100 oileanach clàraichte air cùrsaichean làn-thìde, mu 350 air cùrsaichean air astar agus bidh suas ri 1,000 oileanach a' clàradh air cùrsaichean goirid gach bliadhna. Bidh deagh mheasgachadh de dh'oileanaich a' tighinn don Cholaiste, aig diofar aoisean agus à diofar àiteachan. 'S ann às Alba agus an Rìoghachd Aonaichte a bhios a' mhòr-chuid ach tha oileanaich air tighinn thugainn às na Stàitean Aonaichte, dùthchannan Eòrpach agus Àisia cuideachd.

Tha luchd-ceumnachaidh an t-Sabhail air a dhol air adhart gu dreuchdan Gàidhlig ann an iomadach gnìomhachas, a' cur nan sgilean aca gu feum ann an leasachadh a' chànain.

'S e stèidheachd ionnsachaidh bheothail, adhartach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig, a bhios ag amas air coimhearsnachd Ghàidhlig làn mhisneachd is soirbheachais a bhrosnachadh. Bidh fàilte chridheil romhaibh ann.

Barrachd Fiosrachaidh

Airson barrachd fiosrachaidh mun Cholaiste, theirigibh gu www.smo.uhi.ac.uk no, ma tha ceistean sònraichte agaibh, cuiribh fòn no post-d gu Nicola NicThòmais, 01471 888 301 no obair@smo.uhi.ac.uk.

Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Sabhal Mòr Ostaig